

AINM:

CLAS:

Ìre 4-7 Fileantaich

An Taghadh

le Iain Mac a' Ghobhainn

Obair Clas

Cùl Lodair



Och, a Theàrlaich òig Stiùbhairt...

Coimhead air an làraich-lìn www.ambaile.org.uk fo Cùil-lodair gus fiosrachadh fhaighinn air na Seumasaich agus na thachair dhaibh. Coimhead cuideachd air www.nts.org.uk/Culloden/Home/ agus brùth Gàidhlig airson an cànan atharrachadh. Tha tòrr stuth ri fhaighinn cuideachd air www.bbc.co.uk/scotland/alba/foghlam/sgoiltean. Air na làraich seo, gheibh thu tòrr fiosrachaidh a chuidicheas tu gus barrachd a thuigsinn mu na bha air cùl na sgeòil seo.

Ceistean

Obraich còmhla ri caraid. Beachdaich air na ceistean.

- 1a. *Dè na prìomh chuspairean san sgeulachd seo? Smaoinich air na cuspairean gu h-ìosal:*

poilitigs
gaol
ceanglaichean teaghlaich
cogadh
inntinn ag obrachadh fo bhuidh trioblaid
nàiseantas
bochdainn
eachdraidh nan Gàidheal

- b. *Annas a' chiad earrainn, ciamar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn dhuinn cho eadardhealaichte 's a tha an teaghlach bhon chomann-dair? (Smaoinich air mar a bhios an comann-dair a' cur sìos air an teaghlach.)*



2. “Tha am blàr seachad,” thòisich Màiri, ‘s cinnteach nach...” Saoil dè bha Màiri a’ dol a ràdh?
3. Smaoinich air caractaran nan gillean agus mar a tha iad eadar-dhealaichte bho chèile. Sgrìobh na tha againn de dh’fhiosrachadh mu gach fear:
 - (a) **Ruaraidh** (b) **Tormod** (c) **Iain**
4. Carson a tha e a’ còrdadh ris a’ chomann-dair innse dhaibh nach eil e a’ dol a mharbhadh ach aon duine aca?
- 5a. Ciamar a ghabh am màthair ris an naidheachd?
- b. Carson a bha i airson grèim fhaighinn air a’ chleidheamh? Carson a dhubh i às an smuain seo cho luath ‘s a bhuail i oirre?
6. Saoil carson a rinn a’ mhàthair gàire nuair a choimhead i air a’ Bhioball?
7. Ciamar a tha caractar Màiri a’ tighinn troimhe aig deireadh na sgeòil? A bheil i an-iochdmhor no a bheil i a’ feuchainn ris an teaghlach a dhìon? Mìnich do bheachd.
- 8a. “Nuair a dhùin an doras, shuidh i anns a’ chathair a-rithist.” Tha coltas ann gum bi cùisean dìreach mar a bha iad. Ciamar nach gabhadh sin a bhith?
- b. Ciamar a tha an leughadair a’ faireachdainn aig deireadh na sgeòil? Thoir seachad adhbharan airson do bheachd.
9. A bheil beachdan an ùghdair air cogadh a’ tighinn troimhe anns an sgeulachd? Saoil dè na beachdan a th’ aige?

Obair Aon-neach

A’ sgrìobhadh mu litreachas

Tagh dà sgeulachd a leugh thu o chionn ghoirid air an aon chuspair.

Faodaidh tu am pìos a chur ri chèile mar seo:

- (1) Inns dè na sgeulachdan a thagh thu agus cò sgrìobh iad.
- (2) Dè an aon chuspair a tha anns na sgeulachdan?

Ainmich mar a tha an cuspair a’ nochdadh anns gach sgeulachd.
(Faodaidh tu beagan dhen sgeulachd innse, ach na cuir cus ùine seachad air seo!)

- (3) Dèan taghadh às an liosta a leanas agus inns ciamar a tha an sgrìobhadair a’ dèiligeadh ris na cuspairean anns na sgeulachdan. (Cleachd pìos no dhà às na sgeulachdan airson do bheachdan a dhearbhadh.)

gaol	dìoghaltas
neoichiontas	earbs
miann	dìlseachd
ceanglaichean teaghlaich	càirdeas
mathanas	bàs



- (4) A' toirt sùil gheur air na sgeulachdan fa leth, cò na caractaran as cudromaiche anns na sgeulachdan agus dè am feum a tha iad a' dèanamh don stòiridh?
- (5) Dèan coimeas eadar na sgeulachdan – a bheil iad coltach ri chèile? Cò an tè as fheàrr, nad bheachd-sa, agus carson? Dè na faireachdainnean a tha iad a' togail annad fhèin?



Chaidh mo bhràthair a mharbhadh aig Cùil Lodair...

Obair leudachaidh

Gheibhear an dealbh-chluich An Taghadh air-loidhne aig www.storlann.co.uk/goireasan/drama.html